

Taghaidhean Croitearachd 2017

Taghaidhean Croitearachd 2017

© Dlighe-sgrìobhaidh a' Chrùin 2016



Tha am foillseachadh seo air a cheadachadh fo chumhachan Cead Riaghaltas Fosgailte v3.0 ach a-mhàin mura h-eil a'chaochladh air aithris. Gus an cead seo fhaicinn, tadhail air nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3 no sgrìobh gu Sgioba Poileasaidh Fiosrachaidh, Tasglannan Nàiseanta, Kew, Lunnaidn TW9 4DU no cur post-d gu: psi@nationalarchives.gsi.gov.uk

Far na dh'ainmich sinn fiosrachadh dlighe-sgrìobhaidh treas phàrtaidh feumaidh tu cead fhaighinn bhon luchd-seilbh dlighe-sgrìobhaidh buntainneach.

Gheibhear am foillseachadh seo aig www.gov.scot

Bu chòir ceistean sam bith mun fhoillseachadh seo a chuir thugainn aig
Riaghaltas na h-Alba
Taigh Naomh Anndrais
Dùn Èideann, EH1 3DG

ISBN: 978-1-78652-215-3

Foillsichte le Riaghaltas na h-Alba, Màrt 2016

Ro-ràdh bhon Mhiniestar

Tha croiteareachd a' cur gu mòr ris an eaonamaidh, an àrainneachd agus na coimhearsnachdan a tha air sgìrean dùthchail na h-Alba. Tha còrr air 18,000 croit ann le timcheall air 30,000 neach a tha a' fuireach ann an dachaighean croitearachd. Ann an 2014, chruthaich an roinn faisg air £86 millean de theachd-a-steach.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' gealltann nas urrainn dhaibh a dhèanamh gus taic a chumail ri àm ri teachd beòthail airson croitearachd chum buannachd do ghinealaichean gnàthach is ri thighinn.

Tha Coimisean na Croitearachd ag aontachadh leis an amas seo. Tha dleastanas cudromach air a' Choimisean mar an riaghlaidair air croitearachd, a' tighinn gu co-dhùnaidhean gu soilleir sgus gu seasmhach thar gach sgìre croitearachd. Ann an 2012, fhuair an Coimisean cumhachdan ùra agus dòigh ùr air a bhith a' taghadh a' Bhùird aca, le bhith a' toirt a-steach Coimiseanairean taghte, agus leantainneachd air taghadh cuid de Choimiseanairean eile le Ministearan na h-Alba.

Thairis air na ceithir bliadhna a dh'fhalbh, tha Coimisean na Croitearachd air grunn atharrachaidhean a dhèanamh air na pròiseasan aca a bheir adhartas don chomas aca air co-dhùnaidhean a dhèanamh gu h-èifeachdach agus adhartas a dhèanamh anns an t-seirbheis a gheibh na teachdaichean aca. Tha àrd sgioba riaghlaidh a' Choimisein agus na Coimiseanairean air a bhith a' stiùireadh na h-atharrachaidhean sin, agus tha iad air a bhith ag obair còmhla chum maith nan croitearan air fad le bhith a' toirt an cuid eòlais ionad ail agus an cuid eòlais fa leth don dleastanas aca. Tha mi a' cur mo làn thaic ris na h-adhartasan a tha Coimisean na Croiteareachd air a chuir an gnìomh gu ruige seo agus a' cur fàilte air tuilleadh leasachaidhean gus am bi iad comasach a bhith nan riaghlaidair èifeachdach, a-nis agus mar a chithear san àm ri teachd.

Tha teirmean nan Coimiseanairean a chaidh a thaghadh ann an 2012 a-nis a' tighinn gu crìch agus thathas a' dèanamh ullachadh airson na h-ath thaghaidhean sa Mhàrt 2017. Tha Coimisean na Croitearachd mar aon de bhuidhnean poblach beaga a tha air buill Bùird a thaghadh, ach tha Coimisean na Croitearachd sònraichte leis gu bheil a' mhòr-chuid de bhuill a' Bhùird aca air an taghadh leis na daoine do bheil iad a' toirt seirbheis. Chaidh na ciad thaghaidhean croitearachd ann an 2012 a chumail air thoiseach air an t-àm aca le bhith a' leigeil le croitearan a bha 16 is 17 bliadhna bhòtadh – rud a chaidh a dhearbhadh a bha soirbheachail ann an thaghaidhean croitearachd agus às deidh sin a bha soirbheachail anns an reifreann. Anns na h-ath thaghaidhean, tha mi airson misneachd a thoirt do raon fharsaing de thagraichean seasamh airson an taghadh agus tha mi airson croitearan gu lèir a bhrosnachadh gu bhith a' gabhail an cothrom air feum a dheanamh den bòt aca.

Tha Riaghaltas na h-Alba a-nis a' sìreadh bheachdan nan croitearean air grunn chuspairean co-cheangailte ris na thaghaidhean croitearachd sa Mhàrt 2017, mar a thathas air a shuidheachadh sa cho-chomhairle seo.

Tha mi a' cur ìmpidh air a h-uile croitear as urrainn an cuid fhèin a chuir ri bhith a' dèanamh cinnteach gum bi croitearachd seasmhach san àm ri teachd le bhith ag àiteachadh agus a' cumail suas na croitean aca, le bhith a' gabhail pàirt ghnìomhach anns na coimhearsnachdan aca agus le bhith a' bhòtadh anns na h-ath thaghaidhean croitearachd sa Mhàrt 2017.

AN T-OLLAMH AILEEN NICLEÒID, MINISTEAR NA H-ÀRAINNEACHD, ATHARRACHADH CLÌOMAID AGUS ATH-LEASACHADH FEARANN.

Clàr-innse

1.	Ro-ràdh	Duilleag 3
2.	Cùl-fhiosrachadh: Dè a bhios Coimisean na Croitearachd a' dèanamh?	Duilleag 5
3.	Co-chomhairle	Duilleag 6
	Pàirt 3.1 Roinnean-taghaidh	Duilleag 6
	Pàirt 3.2 Luchd-bhòtaidh	Duilleag 12
	Pàirt 3.3 Tagraichean	Duilleag 14
	Pàirt 3.4 Beàrnan Choimiseanairean Taghte	Duilleag 16
	Pàirt 3.5 A' brosnachadh lomadachd	Duilleag 18
	Pàirt 3.6 Cosgaisean	Duilleag 20
	Pàirt 3.7 Buaidh Gnothachais is Riaghlaidh	Duilleag 21
	Pàrt 3.8 Beachdan eile	Duilleag 21
4.	A' freagairt na Co-chomhairle seo	Duilleag 22

1. Ro-ràdh

Chaidh a' chiad taghaidhean croitearachd a chumail ann an 2012 agus thathas an dùil gun cumar na h-ath thaghaidhean croitearachd sa Mhàrt 2017. Anns na taghaidhean thèid 6 neach bho na 6 roinnean-taghaidh a tha a' dèanamh suas na siorrachdan agus na sgìrean croitearachd a thaghadh mar bhuill de Bhòrd Choimisean na Croitearachd.

Is e am priomh dhleastanas a tha air Bòrd Choimisean na Croitearachd dèanamh cinnteach gum bi Coimisean na Croitearachd air a riaghlaigh agus air a ruith gu h-èifeachdach. Tha e cudromach a bharrachd air gum bi na sgilean agus an t-eòlas riatanach aca, gum bi eòlas agus tuigse air croitearachd aig an fheadhainn a theid a thaghadh gu bhith nam buill air a'Bhòrd.

Tha e cuideachd cudromach gun tèid pròiseas an taghaidh a chumail ann an dòigh a bhios a' brosnachadh thagraichean aig am faodadh an t-eòlas iomchaidh a bhith, seasamh airson an taghadh. Tha an obair mu thràth air töiseachadh eadar Riaghaltas na h-Alba, Coimisean na Croitearachd agus Comhairle nan Eilean Siar gus dèanamh cinnteach gum bi pròiseas an taghaidh saor, cothromach, fosgailte is soilleir.

Tha sinn airson gum bi croitearan an sàs ann a bhith dèanamh cinnteach gum bi na taghaidhean soirbheachail. Is e priomh phàirt den seo a bhith a' brosnachadh dhaoine gus seasamh airson an taghadh mar Choimiseanairean Croitearachd aig a bheil na sgilean, an eòlas agus an dealas ceart airson eadar-dhealachadh a dhèanamh ann am beathan chroitearan air na làraichean aca. Dh'fhaodadh gur e seo thusa no d'h'fhaodadh gur e cuideigin a dh'aithnicheastu anns a' choimhairsachd agad.

Eadar seo agus na taghaidhean bheir sinn seachad tuilleadh fiosrachaidh a nì soilleir do thagraichean a dh'fhaodadh seasamh dè a tha dleastanas Coimiseanair a' toirt a -steach. Tha sinn den bheachd gun cuidich seo daoine a thighinn gu co-dhùnadh a bheil iad airson seasamh agus gun cuidich e croitearan gus co-dhùnadh cò dhà a bhòtas iad. Bu mhath leinn cuideachd gun togadh sibh mothachadh mu na taghaidhean le croitearan san sgìre agaibh gus an tionndaidh an àireamh as àirde a tha comasach a-mach an ath bhliadhna.

An-dràsta fhèin, tha sinn ag iarraidh air croitearan, agus cuid eile aig a bheil ùidh, na beachdan aca a chuir an cèill mu phriomh chûisean den taghadh, nam measg:

- na crìochan airson na 6 sgìrean roinn-taghaidh
- cò bu chòir a bhith a' bhòtadh anns na taghaidhean
- cò as urrainn seasamh airson taghadh

Bu mhath leinn cuideachd ur beachdan fhaighinn a thaobh mion-fhiosrachadh leithid:

- am pròiseas airson Coimiseanair ùr a chuir an dreuchd nan nochdadhs beàrn an sin ro thaghaidhean croitearachd 2022
- an ire as àirde de chosgaisean taghaidh

Bu mhath leinn cuideachd beachdan fhaighinn mun dòigh anns am b' urrainnear adhartas fhaighinn ann an iomadachd dhaoine a tha a' seasamh airson a bhith air an taghadh mar Choimiseanairean Croitearachd. Tha sinn gu sònraichte airson tuilleadh bhoireannaich a bhrosnachadh gus seasamh san taghadh. Is e an t-amais as fharsainge a tha aig Riaghaltas na h-Alba a bhith ag adhartachadh cothromachd gnè air Bùird mar phàirt den iomairt againn a thaobh Com-pàirteachas Atharrachaidh 50/50 ro 2020. Bu mhath leinn cuideachd tuigse a bhith againn air buaidh sam bith a bhiodh aig an seo air gnìomhachasan, an treas roinn no buidhnean poblach mar thoradh air a' phròiseas taghaidh.

That has an dùil gum bi a' mhòr-chuid den mhion-fhiosrachadh sa phròiseas airson na h-ath thaghaidhean, a' toirt a-steach mion-fhiosrachadh modh-obrach eile mun dòigh sam bi na taghaidhean air an ruith, gu ìre mhòr gun atharrachadh bho 2012. Ma tha thu airson fiosrachadh mionaideach mu na pròiseasan taghaidh sin fhaicinn, gheibhear an lagh a bha a' riaghladh nan taghaidhean croitearachd ann an 2012 an seo:

<http://www.legislation.gov.uk/ssi/2011/456/contents/made>

Faodaidh tu na h-uimhir no cho beag de na ceistean a tha sa cho-chomhairle seo a fhreagairt mar a thogras tu - cha leig thu a leas am freagairt gu h-iomlan. Tha tuilleadh mion-fhiosrachaидh mu na nì sinn leis na freagairtean co-chomhairle agaibh agus na h-ath cheumannan sa phròiseas ri fhaighinn aig deireadh a' phàipeir co-chomhairle seo.

Tha sinn a' gealltainn gun cùm sinn fios ri croitorean mu leasachaidhean san raon chudromach seo san ùine eadar seo agus a' bhòt sa Mhàrt 2017, agus cuideachd tro làrach-lìn Riaghaltas na h-Alba: <http://www.gov.scot/Topics/farmingrural/Rural/crofting-policy>

2. Cùl-fhiosrachadh: Dè bhios Coimisean na Croitearachd a' dèanamh?

Croitearachd

- Tha an ìre fearainn croitearachd timcheall air 1.7 millean acair, no 700,000 hectair.
- Tha seo timcheall air 25% de mheall-fearainn na Gàidhealtachd is nan Eilean
- Tha còrr air 18,000 croit agus còrr air 14,000 croitear ann.

Coimisean na Croitearachd

- tha iad a' faighinn timcheall air 1,000 tagradh riaghlaidh gach bliadhna
- tha timcheall air 59 neach-obrach aca, stèidhichte ann an Inbhir Nis
- tha lionra de timcheall air 80 neach-measaidh aca, stèidhichte ann an coimhlearsnachdan croitearachd
- air Bòrd a' Choimisein tha suas ri 9 Coimseanairean, 6 air an taghadh le croitearan agus 3 air an cuir nan dreuchd le Riaghaltas na h-Alba
- leanaidh an àireamh de Choimseanairean taghte aig an aon ìre airson na taghaidhean croitearachd ann an 2017.

Tha Coimisean na Croitearachd mar riaghladair air croitearachd. Tha an raon -ùghdarrais aige a' toirt a-steach:

- Ag obair gus a bhith a' cur an gnìomh dleastanasan chroitearan a bhith a' fuireach air, a' cumail suas agus ag àiteach (no a bhith dèanamh feum eile a dh' aona ghnothach) de na croitean aca.
- A' tighinn gu co-dhùnaidhean mu thagraichean riaghlaidh leithid dì-chroitearachd agus roinneadh.
- A' cumail suas Clàr nan Croitean agus a' cur an sàs a' chunntas-sluaigh croitearachd bliadhnaill.
- A' cumail taic ri comataidhean ionaltraidh le bhith a' cruthachadh theamplaidean mu riaghailtean ionaltraidh.
- A' brosnachadh ùidhean chroitearachd agus a' gabhail pàirt ann an grunn bhuidhnean far am bithear a' beachdachadh air croitearachd.

Tha Bòrd Coimisean na Croitearachd a' toirt seachad ceannas, stiùireadh, taic agus comhairle gus dèanamh cinnteach gu bheil Coimisean na Croitearachd a' libhrigeadh na dleastanasan aca gu h-èifeachdach agus gu comasach. Bidh e a' brosnachadh cleachdadh luchd-obrach agus goireasan eile le Coimisean na Croitearachd gu h-èifeachdach, gu eaconamach, agus gu comasach agus a' dèanamh cinnteach gu bheil rèiteachadh làidir stèidhichte a thaobh riaghlaidh ionmhais.

Tha Coimisean na Croitearachd sònraichte mar bhuidheann poblach leis gu bheil Bòrd aca far a bheil a' mhòr-chuid de na buill aca air an taghadh leis na daoine a tha iad a' riaghlaidh.

Tha croitearan bho sgìrean dùthchaill sònraichte a' bhòtadh airson Coimseanairean Taghte. Cho luath 's a thèid an taghadh, bidh Coimseanairean ag obair còmhla ri Coimseanairean a chaidh an cuir san dreuchd a chum maith gach croitear – cha bhith iad ag obair airson ùidhean na roinn-taghaidh aca fhèin a-mhàin.

Gheibhear mion-fhiosrachadh mu cuid de na prìomh sgilean a dh' fheumas a bhith aig Coimseanairean air [làrach-lin Riaghaltas na h-Alba](#). Tha seo a' toirt a-steach riatanasan ann an lagh na croitearachd, leithid riochdaire airson ùidhean uachdarain agus gum feum a' Ghàidhlig a bhith aig co-dhiù aon bhall Bùird. Tha e cuideachd cudromach gum bi sgilean eile aig cuid de Choimseanairean – mar eisimpleir ann an riaghlaidh ionmhais. Le bhith a' cur Coimseanairean ann an dreuchd a bharrachd air Coimseanairean taghte tha seo a' leigeil le Riaghaltas na h-Alba beàrman sgilean sam bith a thathas a' meas deatamach airson gnìomhachd a' Bhùird, a lìonadh.

3. Co-Chomhairle

3.1 Roinnean-taghaidh

Is e a' chiad raon anns am bu mhath leinn beachdan chroitearan fhaighinn an dòigh as fheàrr air na sgìrean croitearachd a roinneadh ann an 6 roinnean-taghaidh.

- Tha còrr air 18,000 ann.
- Tha timcheall air 1,000 ionaltradh coitcheann ann
- Is ann ann an sgìre Comhairle na Gàidhealtachd a tha a' mhòr-chuid de chroitean le còrr air 9,000
- Tha Comhairle nan Eilean Siar san dàrna h-àite le còrr air 6,000
- Tha 73% de chroitean air mèl, agus 27% aig luchd-seilbh
- Tha atharrachaidhean ann bho sgìre gu sgìre – tha 84% de chroitean ann an Arcaibh aig luchd-seilbh

Bha 6 roinnean-taghaidh ann aig na taghaidhean croitearachd mu dheireadh, b' iad sin:

- Taobh an ear na Gàidhealtachd
- Arcaibh
- Sealainn
- lar-dheas na Gàidhealtachd
- Na h-Eileanan an lar
- Taobh an iar na Gàidhealtachd

Chum sinn co-chomhairle mu chriochan roinn-taghaidh airson na taghaidhean croitearachd ann an 2012 agus chleachd sinn am modail crìche don deach a' mhòr-chuid de thaic a thoirt anns na freagairtean co-chomhairle.

Nuair a thug iad sùil air mar a bu chòir na crìochan roinn-taghaidh a bhith airson an taghadh seo, chleachd Riaghaltas na h-Alba an dàta bhon Chlàr Croitean gus an àireamh de chroitean anns na 6 roinnean-taghaidh a dhèanamh nas co-ionannaiche. Thug sinn cuideachd aire do cho ruigsinneach a thaobh eòlas-cruinne sa tha diofar sgìrean.

Tha sinn air seo a dhèanamh mar fhreagairt air na fiosan a fhuair sinn air ais mu na raoitean roinn-taghaidh a chleachd sinn anns na taghaidhean mu dheireadh. Mar eisimpleir, fhuras beachd gu bheil aon roinn-taghaidh airson na h-Eileanan an lar, anns a bheil cha mhòr an treas cuid de chroitean air fad, ro mhòr gach cuid a thaobh àireamh chroitean agus an duilgheadas a th' ann a bhith a' toirt a-steach an àireamh de dh' eileanan a tha san roinn-taghaidh. Is e aon fhuasgladh air an seo a rèir beachd a fhuair sinn gum bu chòir an roinn-taghaidh a roinneadh gu bhith na dà roinn.

Thug beachdan eile a fhuair sinn mu bhith ag atharrachadh chriochan roinnean-taghaidh a-steach a bhith a' cur Gallaibh agus Cataibh còmhla gu bhith ann an aon roinn-taghaidh agus gun lughdaicheadh seo an àireamh de chroitean agus sgìrean cruinn-eòlais a bha ann an roinn-taghaidh Taobh an lar na Gàidhealtachd ann an 2012. Nan deidheadh a' bheachd seo a thoirt air adhart bhiodh e coltach gu feumadh Sealainn agus Arcaibh a thoirt còmhla mar aon roinn-taghaidh. Bha iad sgarairte ann an taghadh 2012 ach thug roinn-taghaidh Arcaibh cuideachd Gallaibh a-steach.

Gus cuideachadh a thoirt do chroitearan a thiginn gu co-dhùnadh mu na roinnean-taghaidh as fheàrr a bu chòir a chleachdadh airson taghaidhean 2017, tha Riaghaltas na h-Alba air a bhith ag obair le Coimisean na Croitearachd, a' cleachdadh fiosrachadh bho Chlàr nan Croitean, gus 3 roghainnean mapa roinn-taghaidh a dheasachadh. Bidh iad sin a' dèanamh soilleir càite am bi na crìochan roinn-taghaidh rim moladh.


Tha na 6 roinnean-taghaidh a chaidh an cleachdadh airson na taghaidhean croitearachd mu dheireadh air an sudheachadh mar roghainn 1. Tha roghainnean eile airson na 6 roinnean -

taghaidh, stèidhichte air grunn chroitean agus astaran cruinn-eòlais, air an suidheachadh mar roghainn 2 agus roghainn 3. Tha na roghainnean uile a' sealltainn na crìochan roinn-taghaidh rim moladh, an àireamh de chroitean agus an àireamh tuairmseach de chroitearan a bhiodh air an toirt a-steach do gach roinn-taghaidh. Airson gach roghainn, chuireadh gach roinn-taghaidh a-steach aon bhall taghte a' cleachdadh an dòigh Bhòt Roghnach agus ghabhadh iad an àite an uairsin air Bòrd a' Choimisein.

Gnàthach - Roghainn 1

Sealtainn

2926 Croitean
1707 Croitearan



Gallaibh agus Arcaibh

1476 Croitean
1022 Croitearan

Na h-Eileanan an Iar

6149 Croitean
5249 Croitearan

Taobh an Iar na Gàidhealtachd

5092 Croitean
3916 Croitearan

Taobh an Ear na Gàidhealtachd


1418 Croitean
1118 Croitearan

Iar Dheas na Gàidhealtachd

1518 Croitean
1155 Croitearan



Eile - Roghainn 2



Sealtainn agus Arcaibh

3374 Croitean
2039 Croitearan

Leòdhas agus Na Hearadh

4258 Croitean
3720 Croitearan

Gallaibh agus Cataibh

3153 Croitean
2171 Croitearan

An t-Eilean Sgitheanach agus Siorrhachd Rois

3873 Croitean
3127 Croitearan

Uibhist agus Barraigh


1891 Croitean
1529 Croitearan

Earra-Ghàidheal, Loch Abar agus Inbhir Nis

2030 Croitean
1518 Croitearan



Eile - Roghainn 3



Na h-Eileanan a Tuath agus Gallaibh

4402 Croitean
2729 Croitearan

Leòdhas agus Na Hearadh

4258 Croitean
3720 Croitearan

**An Costa an lar gu
Caolas Dhòrnaich**

2538 Croitean
1780 Croitearan

Uibhist agus Barraigh

1891 Croitean
1529 Croitearan

An t-Eilean Sgitheanach gu Moraibh

3837 Croitean
3146 Croitearan

Earra-Ghàidheal

1653 Croitean
1263 Croitearan



1. Feuch an comharrach thu am b' fheàrr leat roghainn 1, roghainn 2 no roghainn 3 mar an dòigh airson na siorrachdan croitearachd a roinneadh ann an 6 roinnean-taghaidh.

1 2 3

Feuch am mìnich thu do fhreagairt.

2. Feuch an lìbhrig thu beachdan sam bith eile co-cheangailte ri roinnean-taghaidh an seo:

Beachdan

3.2 Luchd-bhòtaidh

Airson taghaidhean croitearachd 2012:

- Chaidh 10,877 pàipear-baileat a chuir a-mach
- Chaidh 4,513 pàipear-baileat a chuir air ais
- Thionndaidh 41.5% a-mach

Cò as urrainn bhòtadh?

An-dràsta is e dìreach croitearan clàraichte (a' toirt a-steach iadsan air am meas nan croitean) agus croitearan aois 16 no nas sine le seilbh an làthair as urrainn bhòtadh ann an taghaidhean croitearachd.

Dh' obraich taghadh 2012 air bunait aon bhòt airson gach croit ach cha bhiodh ach aon bhòt aig croitear ge bith cò mheud croit a bha aca. Nam biodh croitean aig croitear ann am barrachd air aon roinn-taghaidh, b' e an roinn-taghaidh anns am biodh e dligheach dhaibh bhòtadh am fear anns an robh iad a' fuireach. Airson àireamh glè bheag de chùisean nas toinnte far nach robh an croitear a' còmhnaidh anns an roinn-taghaidh anns an robh gin sam bith de na croitean, chaidh co-dhùnadh a dhèanamh a thaobh far am biodh e dligheach do chroitear bhòtadh, le Àrd-oifigear Coimisean na Croitearachd.

Chan eil Riaghaltas na h-Alba a' moladh atharrachadh sam bith a thaobh airidheachd neach-bhòtadh bho na tha air a shuidheachadh gu h-àrd.

Cò nach urrainn bhòtadh?

Chaidh beachdachadh air am bu chòir no nach bu chòir cothrom a bhith aig cèile no ball den teaghlaich air bhòtadh mar phairst den phròiseas co-chomhairle airson nan taghaidhean croitearachd mu dheireadh. Ach, chaidh co-dhùnadh nach biodh e cothromach leigeil le barrachd air aon neach bho theaghlaich croitearachd bhòtadh leis gu bheil cuid de chroitearan singilte fhad 's a bhuineas cuid eile do theaghlaichean mòra. Nan deidheadh leigeil leis a h-uile ball de theaghlaich croitearachd bhòtadh bheireadh sin cumhachd bhòtadh mì-chothromach do chroitearan a bhuineadh do theaghlaichean mòra. Leis gur e an croitear agus chan è a' chroit a tha fo riaghlaadh, tha coltas ann gu bheil e ciallach gur e dìreach an croitear fhèin as urrainn bhòtadh.

Tha Riaghaltas na h-Alba den bheachd nach bu chòir leigeil le croitearan nach eil a' coileanadh an dleastanas a thaobh còmhnaidh bhòtadh ann an taghadh 2017. Ach, tha sinn den bheachd gum biodh e ceart leigeil le croitearan a fhuair cead gun a bhith an làthair, agus iadsan a fhuair cead na croitean aca a chuir a-mach air fo-mhàl, agus croitearan seilbhe an làthair a fhuair cead na croitean aca a chuir a-mach air màl goirid, bhotadh anns an taghadh. Is e seo an aon bhunait air an deach na taghaidhean croitearachd ann an 2012 air adhart.

Ag an àm seo, chan eil Riaghaltas na h-Alba den bheachd gum bu chòir airidheachd bhòtadh a chuingealachadh nas mothà. Ach, bu mhath leinn tuigse fhaighinn air beachdan chroitearan a bheil adhbhar mìnichte gu soilleir eile ann air nach bu chòir cothrom bhòtadh a thoirt do chroitearan.

Dh' fheumar a thiginn gu co-dhùnadh sam bith mu nach bu chòir cothrom bhòtaidh a thoirt do chroitearan, às deidh fior bheachdachadh mun bhuaidh agus mu chothromachd a' cho-dhùnaidh seo – a' toirt a-steach a bheil fianais dhearbhte ri fhaighinn gus taic a thoirt do thuilleadh chuinealachd air airidheachd bhòtaidh.

3. Am bu chòir airidheachd neach-bhòtaidh a bhith air an aon bhunait ri mar a bha taghadh croitearachd 2012?:

Bu chòir Cha bu chòir

Feuch am mìnich thu do fhreagairt.

4. Ma tha beachdan sam bith eile agad air airidheachd neach-bhòtaidh feuch an cuir thu iad sin sìos an seo:

Beachdan

3.3 Tagraichean

Anns na taghaidhean croitearachd mu dheireadh:

- sheas 29 neach san taghadh
- sheas 9 neach air Taobh an lar na Gàidhealtachd, an ìre as àirde de na 6 roinnean-taghadh
- sheas 1 neach ann an Arcaibh is Sealainn, an àireamh as ìse

Cò as urrainn seasamh airson taghadh?

An-dràsta, faodaidh croitear clàraichte no croitear seilbhe an làthair a tha co-dhiù 16 bliadhna seasamh airson taghadh. Chan urrainn croitear seasamh airson taghadh ach anns an roinn-taghadh sa bheil iad a' fuireach.

A bharrachd air an sin, faodaidh cuideigin nach eil na chroitear seasamh airson taghadh ma thèid an ainmeachadh le croitear. Tha an dòigh ainmeachaidh seo air a shuidheachadh ann am prìomh reachdas croitearachd agus mar sin feumaidh e a bhith anns na riaghailtean.

Faodaidh an neach ainmichte seasamh airson taghadh anns an roinn-taghadh far a bheil an croitear a dh'ainmich iad a' fuireach. Ma tha cuideigin air an ainmeachadh le croitearan ann am barrachd air aon roinn-taghadh feumaidh iad a thighinn gu co-dhùnadh dè an roinn-taghadh anns a bheil iad airson seasamh – chan urrainn dhaibh seasamh ann am barrachd air aon tè. Chan fhaod croitear ach aon neach ainmeachadh airson taghadh - chan urrainn dhaibh grunn thagraichean ainmeachadh.

Cò nach urrainn seasamh airson taghadh?

Chan urrainn daoine a tha, no a tha air a bhith sa bhliadhna a dh'fhalbh, nam BPA, BP no BPE seasamh airson taghadh mar Choisneanairean Croitearachd. Chan urrainn croitearan a tha Coimisean na Croitearachd air a ràdh nach eil a' coileanadh an dleastanas còmhnaidh aca seasamh airson taghadh. Ach, tha sinn a' cur a' bheachd air adhart gum bu chòir croitearan a fhuair cead gun a bhith an làthair, agus iadsan a fhuair cead na croitean aca a chuir a-mach air fo-mhàl, agus croitearan seilbhe an làthair a fhuair cead na croitean aca a chuir a-mach air màl goirid, a bhith airidh air bhotadh anns an taghadh. Is e seo an aon bhunait air an deach na taghaidhean croitearachd ann an 2012 air adhart.

Chuir atharrachaidhean ann an lagh croitearachd ann an 2010 an dleastanas gun dearmad a dhèanamh air a' chroit agus gun a' chroit àiteach (no a chuir gu adhbhar rùnaichte eile) air an aon bhunait ris an dleastanas a bhith an làthair innse.

Leis gu bheil dleastanas Coimiseanair Croitearachd a' toirt a-steach a bhith a' suidheachadh fréam-obrach gus croitearachd a riaghlaidh, tha Riaghaltas na h-Alba airson faighinn a-mach a bheil croitearan a' smaoineachadh gum bu chòir e a bhith riatanach do thagraichean a tha a' seasamh airson taghadh na dleastanasan eile aca a choileanadh – a bhith ag àiteach na croit aca (no ga cuir gu adhbhar rùnaichte eile) agus gun a bhith a' dèanamh dearmad air a' chroit aca.

Nam biodh sinn gu bhith a' leudachadh cuingealachadh orrasan as urrainn seasamh bhiodh e cudromach beachdachadh a bheil fianais dhearbhte ann gus taic a thoirt don seo agus an deach cothrom a thoirt don neach a tha fo bhuaidh èisteachd fhaighinn mun chuis aca. Tha coltas ann nach biodh e comasach cuingealachadh air airidheachd seasamh mar thoradh air dìth cumail ri dleastanasan cumail suas is àiteach a chuir an gnìomh ach a-mhàin nam biodh Coimisean na Croitearachd air co-dhùnadh a dhèanamh ann an cùis shònraighe - ann an dòigh co-chosmhail ris na tha buntainneach ri croitearan nach eil a' cumail ris an dleastanas còmhnaidh aca.

Nam biodh Riaghaltas na h-Alba gu bhith ag àrdachadh na riatanasan air croitearan a thaobh seasamh airson taghadh, chan eil e soilleir dè na riatanasan a bharrachd, nam biodh gin idir, a bu chòir a bhith stèidhichte a thaobh neo-chroitearan a tha air an ainmeachadh.

5. Am bu chòir croitear a tha Coimisean na Croitearachd air a ràdh nach eil a' coileanadh an dleastanas mu bhith ag àiteach na croit aca, no gun a bhith ga cuir gu adhbhar rùnaichte eile, air an dì-chòireachadh bho bhith a' seasamh airson taghadh mar Choimiseanair Croitearachd?

Bu chòir Cha bu chòir

Feuch am mìnich thu do fhreagairt.

6. Am bu chòir croitear mu bheil Coimisean na Croitearachd air a ràdh a tha a' dèanamh dearmad air a' chroit aca a bhith air an dì-chòireachadh bho bhith a' seasamh airson taghadh mar Choimiseanair Croitearachd?

Bu chòir Cha bu chòir

Feuch am mìnich thu do fhreagairt.

7. Ma tha beachdan sam bith eile agad a thaobh airidheachd tagraiche feuch an cuir thu iad sìos an seo:

Feuch am mìnich thu do fhreagairt.

3.4 Beàrnan Choimiseanairean Taghte

Aig an àm seo, is e an aon dhòigh air Coimiseanair eile a thaghadh mas e agus gum fàg Coimiseanair taghte an dreuchd páirt ùine tron teirm thaghte aca gun cuir Ministearan na h-Alba cuideigin eile san dreuchd.

Thachair seo ann an 2012 nuair a chaidh tagraiche a bha san dàrna àite san taghadh ann an roinn-taghaidh Taobh an Ear na Gàidhealtachd a chuir an dreuchd an dèidh làimh mar Choimiseanair le Riaghaltas na h-Alba às deidh do Choimiseanair a dhreuchd a leigeil dheth. Ach, dh' fhaodadh gum biodh e na b' fheàrr nam biodh am pròiseas airson na bu chòir tachairt ann an cùisean mar seo nas soilleire.

Tha sinn den bheachd gur e a bhith a' cur an dreuchd mar Choimiseanair tagraiche a thàinig a-steach san dàrna àite an dòigh as fheàrr air a dhol air adhart ach dh' fhaodadh nach biodh an neach sin airson ainm a dhol air adhart mar Choimiseanair. Ann a' chùis sin dh' fhaodadh gur e an neach a thàinig a-steach san treas àite a gheibheadh an cothrom a bhith na Choimiseanair agus mar sin air adhart a rèir cò mheud tagraichean a sheas anns an roinn-taghaidh sin.

Mas e dìreach aon thagraiche a sheas airson taghadh anns an roinn-taghaidh sin, no mura bi gin de na tagraichean eile anns an taghadh deònach an dreuchd a ghabhail, tha sinn a' smaoineachadh gum bu chòir gum biodh e comasach do Riaghaltas na h-Alba a' bheàrn fhàgail mar a tha e gus am bi an ath thaghadh ann, a rèir dè cho fada a-steach don teirm taghaidh a thachras a' bheàrn. Air an làimh eile, mura h-eil gin de na tagraichean o thùs ag iarraidh a bhith nan Coimiseanairean, bu chòir gum biodh e comasach do Riaghaltas na h-Alba cuideigin a thaghadh gus a' bheàrn a lionadh.

Tha cuid de chroitearan air a' bheachd a thoirt seachad gum biodh cumail fo-thaghadh mar shlighe eile air a' bheàrn a lionadh, ach, chan eil lagh croitearachd a' ceadachadh gun tèid beàrn a lionadh san dòigh seo. Mas e is gur e seo dòigh a bhiodh croitearan airson fhaicinn dh' fhaodadh seo a bhith mar chuspair air an deidheadh beachdachadh mar phàirt de dh'obair nas fharsainge a tha a' dol air adhart an-dràsta air a bhith a' simpleachadh lagh na croitearachd.

8. Am bu chòir beàrn de Choimiseanair taghte a nochdas ro thaghadh croitearachd 2022 a lionadh leis:

a) an ath thagraiche a fhuair àite anns an taghadh san sgìre sin agus a tha saor?

Bu chòir **Cha bu chòir**

Feuch am mìnich thu do fhreagairt.

b) Riaghaltas na h-Alba a' cur cuideigin san dreuchd?

- Bu chòir** **Cha bu chòir**

Feuch am mìnich thu do fhreagairt.

c) fhàgail mar bheàrn ma tha bliadhna no nas lugh a gus an ath thaghadh?

- Bu chòir** **Cha bu chòir**

Feuch am mìnich thu do fhreagairt.

3.5 A' brosnachadh iomadachd

- is e boireannaich a th'ann an 34% de chroitearan
- aig na taghaidhean croitearachd mu dheireadh bha 4 de na 29 tagraichean nam boireannaich, chaidh 1 a thaghadh.
- an-dràsta is e 2 de na 8 Coimseanairean Croitearachd a tha nam boireannaich

- is e 58 an aois cuibheasach airson croitear
- tha 12% de chroitearan aois 40 no nas òige
- is e 60 an aois cuibheasach airson nan Coimseanairean gnàthach.

Tha e cudromach gu bheil Bòrd aig Coimisean na Croitearachd a tha a' riochdachadh chroitearan. Le bhith a' toirt còmhla daoine le raon farsaing is measgaichte de chùlfhiosrachaidh, bheachdan is eòlasan mar Choimseanairean tha sin a' leigeil le cothrom air deasbadan nas fharsainge air cuspairean cudromach agus cothrom air a bhith a' lorg fuasglaidhean cruthachail airson nan dùblannan a tha mu choinneimh croitearachd.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' gealltann gum bi farsaingeachd ann an cuir an dreuchd Mhinistreileachd thar bhuidhnean poblach gus am bi iad gu ire mhòr a' riochdachadh a' mhòr-shluaigh. Tha còrr air 70 de bhuidhnean poblach na h-Alba air gealltann gum bi cothromachd gnè air na Bùird aca ro 2020, mar phàirt de dh' iomairt Com-pàirteachas airson Atharrachadh aig Riaghaltas na h-Alba ro 2020. Chan eil Coimisean na Croitearachd air seo a ghealltann, leis gu bheil a' mhòr-chuid de na Coimseanairean aca air an taghadh le croitearan – agus is ann acasan a bu choir an co-dhùnadh mu dheireadh a bhith cò a thaghlas iad mar an riochdaire aca. Tha an treas cuid de chroitearan nam boireannaich agus aig an àm seo tha 2 a-mach à 8 Coimseanairean nam boireannaich. Tha Riaghaltas na h-Alba airson nas urrainn dhaibh a dhèanamh gus a bhith a' brosnachadh iomadachd am measg bhuill bùird a tha taghte no air an cuir nan dreuchd, a' toirt sùim do aois, gnè, ciorram no cinnidh.

Tha Coimisean na Croitearachd mu thràth air ceumannan a ghabhail gus adhartas fhaighinn ann an iomadachd a' Bhùird aca san àm ri teachd agus tha iad a' gealltann sin a chumail a' dol. Mar eisimpleir, rinn iad ullachadh o chionn ghoirid airson gum faigheadh dà chroitear òg stiùireadh bho 2 Choimiseanair Croitearachd gnàthach gus tuigse a thoirt dhaibh air na tha an sàs ann an obair Choimiseanair. Thug seo a-steach cothrom a bhith an làthair aig coinneamh Bùird Coimisean na Croitearachd, a bhith a' beachdachadh air obair Choimiseanar leis an neach-comhairle aca agus coinneachadh ri Ministear na Croitearachd An t-Ollamh Aileen Nicleòid. Tha dùil aig a' Choimisean leantainn air ag obair le croitearan òga san dòigh seo agus a' leantainn air beachdachadh dè eile a b' urrainn a dhèanamh san raon chudromach seo – mar eisimpleir nam biodh e comasach cruth agus amannan choinneamhan atharrachadh gus am biodh e na b'fhasa do dhaoine a tha ag obair làn-ùine no le uallaichean càrach a bhith an làthair.

Bidh Riaghaltas na h-Alba a' brosnachadh anns a h-uile dòigh a tha comasach raon farsang de thagraichean a bhith a' seasamh: a' cleachdadh nam meadhanan sòisealta, criomagan bhideo, togail mothachaidh gu poblach agus lìonrathan luchd-lìbhrigidh gus a bhith a' brosnachadh dhaoine bho dhiofar raointean a bhith a' seasamh airson taghadh, gu sònraichte boireannaich agus croitearan òga.

Chuireadh sinn fàilte mhòr air beachdan a thaobh dòighean eile airson a bhith a' brosnachadh raon farsaing de dhaoine seasamh airson taghadh, nam measg taic sam bith a bharrachd a b' urrainn Riaghaltas na h-Alba no Coimisean na Croitearachd a thoirt seachad gus cuideachadh le seo tachairt.

Bu mhath leinn cuideachd dèanamh cinnteach gu bheil e comasach don h-uile croitear pàirt a ghabhail anns na taghaidhean. Ma tha thu a' smaoineachadh gun toir na taghaidhean croitearachd buaidh sam bith air buidhnean co-ionannachd sam bith bhiodh e na chuideachadh nam b' urrainn dhut sin a mhìneachadh.

9. A bheil beachdan sam bith agad air dòighean anns an urrainnear iomadachd Choimiseanairean Croitearachd àrdachadh?:

Tha Chan eil

Feuch am mìnich thu do fhreagairt.

10. A bheil thu a' smaoineachadh gum bi buaidh shònraichte aig na taghaidhean croitearachd air buidhnean co-ionannachd sam bith?

Tha Chan eil

Feuch am mìnich thu do fhreagairt.

3.6 Cosgaisean

Airson an taghadh mu dheireadh, b' e £600 an ìre as àirde a b' urrainn do thagraiche a chosg air cosgaisean iomairt.

Tha grunn roinnean-taghaidh mòr, no a' toirt a-steach grunn eileanan, agus airson gum bi e comasach bruidhinn ri croitearean air feadh na roinne-taghaidh air fad, feumaidh tagraichean siubhal astaran gu math fada a dh'fhaodadh cosgaisean a chuir suas gu barrachd air £600. Aig an aon àm, dh' fhaodadh màl talla airson coinneamh a bhith daor. Mar sin, dh'fhaodadh gum bi feum air an ìre as àirde de chosgaisean àrdachadh.

Nan deidheadh seo a dhèanamh, tha sinn den bheachd gum biodh e cudromach gun an ìre as àirde de chosgais àrdachadh cho mòr 's gur e direach croitearan a-mhàin a tha math dheth a b' urrainn a bhith ag iomairt gu h-èifeachdach airson taghadh, agus mar sin a dìmisneachadh chroitearan nach eil cho math dheth, bho bhi a' seasamh.

Chuireadh sinn failte air beachdan mun ìre cheart a bu chòir a stèidheachadh mar an ìre airson cosgaisean iomairt agus mu thaic a bharrachd sam bith a dh'fhaodadh Riaghaltas na h-Alba no Coimisean na Croitearachd a thoirt seachad gus leigeil le seo tachairt.

11. Am bu chòir an ìre as àirde de chosgaisean taghaidh airson tagraichean a bhith air àrdachadh bho £600 gu £700?

Bu chòir Cha bu chòir

Feuch am mìnich thu do fhreagairt.

12. Feuch an toir thu seachad beachdan sam bith eile mu chosgaisean taghaidh no mun phròiseas airson a bhith ag ainmeachadh chosgaisean an seo:

Feuch am mìnich thu do fhreagairt.

3.7 Buaidh Gniomhachais agus Riaghlaidh

Tha Riaghaltas na h-Alba a' gealltainn co-chomhairle a chumail leis a h-uile buidheann a bhios fo bhuaidh mholaidhean airson riaghlaidh ùr, no far am bithear ag atharrachadh riaghait sam bith gu susbainteach.

Bu chòir Measadh Buaidh Gniomhachais agus Riaghlaidh (BRIA) a bhith an cois atharrachaidhean poileasaidh sam bith a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air gniomhachas no air an treas roinn.

Bidh am BRIA gar cuideachadh airson fianais a tha ri fhaighinn a chleachdad gus molaidhean a lorg as fheàrr a choileanas na h-amasan poileasaidh agus aig an aon àm a bhios a' cumail sìos chosgaisean agus uallaichean. Tro cho-chomhairle agus a bhith an sàs le gniomhachasan, faodar anailis a dhèanamh air cosgaisean agus buannachdan an reachdais a tha ri mholadh. Nì e cinnteach cuideachd gun tèid beachdachadh air buaidh sam bith air gnòmhachas, gu sònraichte iomairtean beaga, mus tèid riaghailtean aontachadh.

Airson gun cuidich thu sinn leis a' phròiseas seo, bhiodh sinn toilichte nan innseadh tu dhuinn mu bhuaidh sam bith a tha thu a'smaoineachadh a bhiodh aig na taghaidhean croitearachd air gniomhachasan, buidhnean poblach no an treas roinn.

13. A bheil thu den bheachd gum bi buaidh aig an taghadh croitearachd air gniomhachasan, buidhnean poblach no an treas roinn?:

Tha Chan eil

Feuch am mìnich thu do fhreagairt.

3.8 Beachdan eile

14. Ma tha beachdan sam bith eile agad a thaobh rèiteachadh airson nan taghaidhean croitearachd, feuch an cuir thu sìos iad an seo:

Beachdan

4. A' freagairt na Co-chomhairle seo

Tha sinn ag iarraidh freagairtean don cho-chomhairle seo ro 22 Òg-mhìos 2016.

Feuch an cuir thu freagairt airson a' cho-chomhairle seo a-steach air-loidhne aig <https://consult.scotland.gov.uk/agriculture-and-rural-communities/2017-crofting-elections>. Faodaidh tu an sàbhaladh agus tilleadh gu na freagairtean agad fhad 's a tha a' cho-chomhairle fhathast fosgalte. Feuch an dèan thu cinnteach gun tèid freagairtean don cho-chomhairle an cuir a-steach ron cheann-latha dheireannaich aig 22 Òg-mhìos 2016.

Mura h-eil e comasach dhut do fhreagairt a chuir a-steach air-loidhne, feuch an lìon thu a-steach am Foirm Fiosrachadh Neach-freagairt (faic "A' làimhseachadh do fhreagairt" gu h-ìosal) agus cuir e gu:

Riaghaltas na h-Alba
Sgioba Poileasaидh Croitearachd
D Spur, Taigh Saughton
Slighe Broomhouse
Dùn Èideann
EH11 3XG

A' làimhseachadh do fhreagairt

Ma fhreagras tu le bhith a' cleachdadh Citizen Space, thèid do stiùireadh gu fèin-gluasadach gu **Foirm Fiosrachadh Neach-freagairt** aig toiseach a' cheisteachain. Innsidh seo dhuinn an dòigh anns a bheil thu airson gun tèid do fhreagairt a làimhseachadh agus, gu sònraichte, a bheil thu toilichte gun tèid do fhreagairt fhoillseachadh gu poblach.

Mura h-eil e comasach dhut do fhreagairt a chuir a-steach air Citizen Space, feuch an lìon thu a-steach am **Foirm Fiosrachadh Neach-freagairt** a tha ceangailte aig deireadh an sgrìobhainn seo oir nì seo cinnteach gu làimhsich sinn do fhreagairt ann an dòigh ionchaidh. Ma dh' iarras tu nach tèid do fhreagairt fhoillseachadh, làimhsichidh sinn e mar sgrìobhainn diomhair agus cumaidh sinn e tèarainte.

Bu chòir gach neach-freagairt a bhith mothachail gum bi Riaghaltas na h-Alba a' cumail ris na tha ann an Achd Saorsa Fiosrachaidh (Alba) 2002 agus mar sin dh'fheumadh iad beachdachadh air iarrtas sam bith a gheibheadh iad fon Achd sin a thaobh fiosrachadh co-cheangailte ri freagairtean don eacarsaich co-chomhairle seo.

Na h-ath cheumannan sa phròiseas

Às deidh don cho-chomhairle dùnadhl nì sinn anailis air na freagairtean a fhuair sinn agus curidh iad sin ris a' phròiseas co-dhùnaidh air mar a dh' obraigheas na taghaidhean croitearachd. Far a bheil luchd-freagairt air cead a thoirt seachad airson an fhreagairt aca fhoillseachadh gu poblach, foillsichidh sinn na freagairtean sin agus, às deidh làimh, foillsichidh sinn aithisg den anailis air a' phròiseas co-chomhairle.

Thathas an dùil gun tèid na riaghailtean a leigeas le taghaidhean croitearachd a dhol air adhart an cuir mu choinneimh na Pàrlamaid san Dàmhair 2016. Thèid na taghaidhean croitearachd fhèin air adhart sa Mhàrt 2017. Bheir sinn seachad ùrachadh air adhartas air [Scottish Government's crofting webpages](#):

Ma tha ceistean sam bith agad feuch an cuir thu fios gu: CroftingElections@gov.scot



**The Scottish
Government**
Riaghaltas na h-Alba

© Dlighe-sgrìobhaidh a' Chrùin 2016

ISBN: 978-1-78652-215-3

Tha an sgrìobhainn seo cuideachd ri fhaighinn air làrach-lìn Riaghaltas na h-Alba: **www.gov.scot**

Air fhoillseachadh airson Riaghaltas na h-Alba le APS Group Scotland, 21 Sràid Tennant, Dùn Èideann. EH6 5NA
PPDAS67986 (03/16)

w w w . g o v . s c o t